

# Fèisean nan Gàidheal

## Tuairisgeul-Obrach

Tìotal:	<b>Oifigear Pròiseactan</b>
Àite:	<b>Port Rìgh no Inbhir Nis (sùbailte)</b>
Tuarastal:	<b>Tuarastal £23,166-£26,027 a-rèir eòlais</b>
Ùine:	<b>Làn-ùine (35 uairean) – cùmhnant 12 mìosan sa chiad dol a-mach</b>

### BUN FHIOSRACHADH

'S e buidheann nàiseanta a tha ann am Fèisean nan Gàidheal, ag obair còmhla ri còrr is 45 Fèisean ionadail air feadh Alba, a' toirt cothrom do thimcheall air 18,000 òganach sgìlean ealan Ghàidhlig ionnsachadh a bharrachd air obair ann am foghlam Gàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a ghabhail os làimh. 'S i dreuchd ùr a tha seo le cothrom a bhith mar bhall de sgioba beag ann am buidheann soirbheachail.

Tha Fèisean nan Gàidheal gu mòr an-sàs anns gach roinn de leasachaidhean na Gàidhlig agus ciùil traidiseanta agus bidh an neach a shoirbhicheas ag obair anns gach raon-obrach sa bheil sinn an-sàs.

Bidh an dreuchd stèidhichte ann an Inbhir Nis no Port Rìgh. Ged a thathar sùbailte mun àite-obrach tha a' mhòr-chuid den sgioba stèidhichte ann an Inbhir Nis agus bidh siubhal riatanach bho àm gu àm. Bidh an dreuchd ga coileanadh thairis air 35 uairean a thìde gach seachdain agus bidh an neach soirbheachail fo stiùir a' Cheannaird agus ag obair gu dlùth le manaidsèaran na buidhne.

Bidh cùmhnant ann airson bliadhna anns a' chiad dol a-mach le dùil gun gabhadh leudachadh air sin a-rèir maoin agus soirbheas an neach san dreuchd.

### PRÌOMH GHNÌOMHAN NA DREUCHD SEO

Bidh com-pàirt ann an libhrigeadh nam pròiseactan a leanas:

#### Taic do na Fèisean

- A' toirt taic do na Fèisean bho àm gu àm na prògraman obrach aca a libhrigeadh
- Ag obair leis an sgioba leasachaidh air pròiseactan sònraichte a chur air dòigh agus airgead a thogail, nam biodh sin a dhìth, airson leasachaidhean a thoirt gu buil ann am Fèisean ionadail.
- A' cur air dòigh trèanadh do luchd-teagaisg agus luchd-libhrigidh ùr nam Fèis mar a bhios iomchaidh fo stiùir Manaidsèar Leasachaidh na buidhne.

#### FèisTV

- A' leasachadh na seirbheis
- A' tarraing a-steach luchd-obrach saor-thoileach a thèid an sàs ann an obair FèisTV
- A' trusadh bhuidheann de luchd-obrach teicnigeach proifeiseanta a chuidicheas le bhith a' cur thachartasan FèisTV air dòigh
- A' gabhail stiùir air Oide – leasan air-loidhne.

Tha Fèisean nan Gàidheal a' faotainn taic bho na buidhnean seo | Fèisean nan Gàidheal is supported by the following bodies



## **Goireasan is Prògram Didseatach**

- A' toirt taic le òrain, ceòl, sgeulachdan agus fiosrachadh eile mu dhualchas a ghlèidheadh ann an cruth didseatach a bhios air a chleachdadh le na Fèisean, agus daoine eile, anns na bliadhnaichean ri teachd
- A' gabhail stiùir air goireasan teagaisg ùrachadh ann an cruth didseatach.

## **Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir**

- A' sgaoileadh fiosrachaidh ann an diofar mheadhanan mu phròiseactan anns a bheil Fèisean nan Gàidheal an sàs leithid: Fèisean, Blas, Obair Fèisgoil, Tachartasan Còmhnaidh, Cèilidhean air Chuairt, Fuaran, Rannan Ùra is eile.

## **Pròiseactan**

- Tha Fèisean nan Gàidheal a' libhrigeadh prògram farsaing le tachartasan còmhnaidh, iomlaidean, sgrìobhadh òrain ùra agus rannsachadh seann òrain a-measg eile mar phàirt dheth
- Bidh aig an t-Oifigear Pròiseactan ri taic a thoirt ann an caochladh dhòighean a' gabhail stiùir air cuid de phròiseactan agus ag obair le co-obraichean air feadhainn eile
- Bidh feum air sgilean ann an togail airgid, planadh, rianachd, sanasachd is stiùireadh.

## **Mòr-chuirmean is cothroman eadar-nàiseanta**

- Stiùir a ghabhail air an iomlaid chultarail chunbhalach le buidhnean ann an Èirinn
- A' sireadh taic-airgid airson pròiseactan ùra eadar-nàiseanta a chur air dòigh.

## **GNÌOMHAN EILE**

- A' gabhail pàirt ann an tachartasan Fèisean nan Gàidheal, m.e. co-labhairt agus coinneamh bhliadhnail na buidhne
- Co-obrachadh le buidhnean eile
- A' deasachadh aithisgean ràitheil airson coinneamhan de Bhòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal agus do bhuidhnean maoinachaidh mar a bhios iomchaidh
- A' gabhail pàirt ann an siostam measaidh Fèisean nan Gàidheal
- A' frithealadh làithean trèanaidh do luchd-obrach na buidhne mar a bhios iomchaidh
- Obair eile sam bith a tha taobh a-staigh crìochan na dreuchd seo.

## **SGILEAN PEARSANTA A THA A DHÌTH**

- Tha sinn a' sireadh thagraidhean bho dhaoine aig a bheil eòlas, neo foghlam freagarrach, co-cheangailte ris an t-seòrsa obrach a tha seo
- Bu chòir tagraichean a bhith fileanta anns a' Ghàidhlig, le comasan labhairt agus sgilean sgrìobhaidh aig àrd-ìre
- Bu chòir ùidh a bhith aig tagraichean ann an obair nam Fèis agus anns na h-ealain Ghàidhlig san fharsaingeachd
- Bidh eòlas air margaidheachd is follseachadh cuideachail
- Bu chòir comas a bhith aig tagraichean obair a chur air dòigh air an ceann fhèin, gun stiùir aig amannan agus cumail ri uairean-obrach a tha riantanach airson na dreuchd a choileanadh
- Bidh eòlas air coimpiutairean deatamach gu sònraichte prògraman a leithid Microsoft Word, Excel, Powerpoint, Adobe Acrobat, Photoshop agus InDesign
- Bu chòir cead-dràibhidh a bhith aig tagraichean.

Bidh an tuarastal eadar £23,166 agus £26,027 a rèir eòlais. Cuiridh Fèisean nan Gàidheal 5% de thuarastal a-steach gu sgeama peinnsein na buidhne. Thèid cosgaisean co-cheangailte ris an dreuchd a phàigheadh a thuilleadh air tuarastal. Feumaidh an neach a shoirbhicheas a dhol tro dheuchainn mar bhall den sgeama PVG aig Fèisean nan Gàidheal.

Feumaidh tagraichean cunntas-beatha slàn (ann an Gàidhlig neo ann am Beurla) a chur thugainn a bharrachd air foirm-iarrtais air a lìonadh leis an fhiosrachadh air fad a tha a dhìth.

Cuiribh foirmean gu Anne Willoughby, Manaidsear Gnìomha, Fèisean nan Gàidheal, Taigh a' Mhill, Port-Rìgh, An t-Eilean Sgitheanach, IV51 9BZ neo air post-d gu [anne@feisean.org](mailto:anne@feisean.org) ro 5f, Diluain 11mh Màrt 2019. Ths dùil gum bi agallamhan a' dol air adhart san t-seachdain a' tòiseachadh 18mh Màrt.

Airson cothrom còmhraidh agus barrachd fiosrachaidh mun dreuchd, leigibh fios gu Art MacCarraig, Ceannard Fèisean nan Gàidheal, air 01478 613355.

**FEUMaidh IARRTASAN A BHITH AGAINN RO 5F, DILUAIN 11mh Màrt 2019.**

**'S e fastaiche co-ionannachd chothroman a tha ann am Fèisean nan Gàidheal**

Tha Fèisean nan Gàidheal riamh air a bhith faiceallach a' dèiligeadh ri fiosrachadh agus ga dhìon. Chithear fios mu phrìobhaideachd tron cheangal [seo](#) agus bu chòir dhuibh innse dhuinn mur h-eil sibh airson conaltradh rinn tro phost-d tuilleadh le bhith a' cur freagairt don seòladh seo, no le fios a chur gu Oifigear Dìon-Dàta na buidhne tro [dpo@feisean.org](mailto:dpo@feisean.org).